

Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean MG ALBA

25/5/21, 1000-1300

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair) Màiri Kidd
Ailean Dòmhnallach Rhoda NicDhòmhnaill
Lisa Annette

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)
Ealasaid Dhòmhnallach (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) [airson puingeon 1-7]
Sgbioa an Aonad Dhidseataich [airson puingeon 1-7]
Murchadh MacSuain (Manaidsear Conaltraidh) [airson puing 8]

1. Leisgeulan

Cha robh gin.

2. Gnothach Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh:

3.1 26/2/21 - aontaichte.

3.2 GAE – comharraichte.

4. Sgrùdadh dèanadais – KPIs + Aithisg dèanadais Q4 202/21

4.1 Bha pàipear, KPIs agus aithisg dèanadais air beulaibh bhall agus bhruidhinn IMT mun deidhinn, a' mìneachadh dèanadais ioma-ùrlar BBC ALBA, le fiosrachadh cuideachd mu LearnGaelic agus FilmG, a thuilleadh air Trèanadh agus Outreach airson fios.

- 4.2 SpeakGaelic – chaidh ceist a thogail an robhas ag obair le Duolingo agus mura robh am biodh neart sam bith ann a bhith ag obrachadh leotha. Chaidh innse gun deach còmhraidhean a chumail leotha aig toiseachd ghnòthaich agus gu robh ceanglaichean neo-fhoirmeil ann gus cùisean a leasachadh ann an dòigh organig.
- 4.3 Thug Ceannard Seirbheis BBC ALBA iomradh air mar a bha cùisean air a dhol sa bhliadhna mu dheireadh agus chaidh sàr obrach nan sgiobaidhean agus riochdairean a chomharrachadh.
- 4.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 4.5 **Gnìomhan:** 1) thèid cuireadh a thoirt don Mhanaidsear Ionnsachaidh (Sgioba Ionnsachaidh Air-loidhne) gu coinneamh bùird san àm ri teachd airson sgrùdadh nas mionaidiche a thoirt do bhuill air LearnGaelic agus mar a tha e air fàs. (IMT)

5. Sgrùdadh bhuidseit

a) Aithisg bhuidseit

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh a mhìneachadh.

b) Molaidhean atharrachadh bhuidseit in-bhliadhna (cha robh gin ann sa chairteal seo)

- 5.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

6. Aithisgean nan Stiùirichean

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh adhartais ann an iomairtean anns a bheil oifigearan an sàs agus chaidh deasbad a chumail.

Aithisg an Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair

- 6.2 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.3 Chaidh a chomharrachadh gun deach aontachadh ann am prionnsapal còraichean an Scottish Women's Premier League agus còraichean an sgioba nàiseanta aig an Scottish FA a shìneadh, gu deireadh seusan 2022 airson lìog nam ban, agus gu deireadh FIFA WWC qualifiers san Dàmhair 2022 airson an sgioba nàiseanta. Tha dùil ri crathadh ann an còraichean ball coise nam ban sa bhliadhna ri teachd.
- 6.4 Chaidh ceist a chuir a bheil adhartas sam bith air a bhith ann gus crìoch a chuir air maoinachadh SpeakGaelic. Chaidh innse gu bheileas ag obair air tagraidhean gu Bòrd na Gàidhlig an t-seachdain seo le dòchas gum bi cùisean soilleir eadar seo agus deireadh na h-Ògmhios.

Aithisg an Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh

- 6.5 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.6 Chaidh a chomharrachadh gu robh adhartas mean air mhean a' tighinn air cuid a dh'ùrlaran corporra MG ALBA ach le àireamhan ìseal air ùrlaran eile gu bheileas a' coimhead ri fuasglaidhean airson seo.
- 6.7 Chaidh fàilte a chuir air an iomairt "OGmhios" a bhios a' taisbeanadh òigridh na Gàidhlig a bhios thairis air na h-ùrlaran air fad. Chaidh a chomharrachadh gu robhas dòchasach gun tigeadh an tuilleadh conaltraidh a dhèanamh leis a' bhuidheann air na meadhanan sòisealta ri linn na h-iomairt seo.
- 6.8 Chaidh a chomharrachadh gu feumar dùblachadh a dhèanamh sna h-oidhirpean againn sa bhliadhna air thoiseach agus a dhol an sàs leis a' choimhearsnachd, luchd-solar, sgrìobhadairean is eile.
- 6.9 **Co-dhùnadh**: thug buill fainear don fhiosrachadh.

7. Ro-innleachd na h-ama ri teachd – susbaint ioma-ùrlair

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu bheil clachan-mìle ag èirigh sa bhliadhna ri teachd a bhios a dhìth co-dhùnadh a' bhùird a thaobh maoin. Gus ullachadh airson na co-dhùnaidhean sin bha fiosrachadh mu choinneimh bhuill air ro-innleachd susbaint agus na co-dhùnaidhean ionmhais a tha ag èirigh às sin gus a bheil a' Chomataidh comasach taic a thoirt dhan Bhòrd co-dhùnaidhean ionmhais a ghabhail san t-Samhain 2021 agus ann an 2022. Bidh pàipear eile a' tighinn chun Chomataidh san t-Sultain.
- 7.2 Chaidh deasbad a chumail air ro-innleachd shusbaint ioma-ùrlair BBC ALBA, le fiosrachadh mun fhianais air a bheil sin stèidhichte agus na clachan-mìle a dh'èireas sna mìosan/bliadhnaichean ri teachd a thaobh co-dhùnaidhean maoin na buidhne.
- 7.3 Fhuair a' Chomataidh taisbeanadh bho oifigearan Aonad Dhìdseatach BBC ALBA, a' mìneachadh àireamh, dol an sàs agus ro-innleachd gach ùrlar air na meadhanan sòisealta.
- 7.4 Chaidh ceistean a chuir a thaobh an ro-innleachd airson seallaidhean neo-loidhneach, an dòigh sa bheileas a' dol an sàs le ar luchd-leantainn agus na ro-innleachdan a tha ag obair nas fheàrr na feadhainn eile, gu bheileas a' dèanamh cross posting le BBC Scotland, mar a thathas a' cuideachadh le bhith a' misneachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh, na ceanglaichean le 'influencers' agus an obair a tha a' dol gus seo a leasachadh, na targaidean a thathas a' cur mu choinneimh gach ùrlar agus mar a thathas a' measadh BBC ALBA an

comas ri daoine eile. Chaidh taing na Comataidh a bhuileachadh air an sgioba airson an taisbeanadh agus airson an obair ionmholta a tha iad a' dèanamh.

- 7.5 Le co-obrachaidhean BBC Audiences a' coimhead air gnèithean an luchd-coimhid nàiseanta gus dearbhadh gu bheil am pàtran a thaobh gnèithean a' leantainn, bidh aithris air sin aig a' Chomataidh san t-Sultain, a bharrachd air fianais mu rannsachadh qualitative a tha BBC Audiences a' dèanamh air luchd-coimhid nàiseanta BBC ALBA, a tha a' coimhead air beachdan an luchd-coimhid ann an doimhneachd.
- 7.6 Chaidh suidheachadh ball-coise nam ban a dheasbad agus na bhios comasach san àm ri teachd le buill a' cur ceistean air dè na craolaidearan eile a dh'fhaodadh a bhith a' dèanamh tagradh airson còraichean ball coise nam ban.
- 7.7 Chaidh deasbad a chumail a thaobh còraichean agus na cunnartan agus cothroman an lùib sin, le aithne gun robh geamaichean beò, agus a bhith gu feum gu luchd-coimhid/coimhearsnachdan spòrs, cudromach. A thaobh spòrs nam fear agus còraichean an SPFL, chaidh puing a thogail gur dòcha gum b' àbhaist uallach a bhith air UEFA dèanamh cinnteach gun robh ire de chraoladh ann am mion-chànain is gum b' fhiach am puing sin a dhearbhadh (IMT).
- 7.8 Chaidh a chomharrachadh gu bheil spòrs beò riatanach airson na seanail is gun tilleadh ris a chuspair san t-Sultain.
- 7.9 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

8. Tàlant agus sgilean

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus mhìnich MMS mar a bha a' dol le iomairt FilmG, dol an sàs le sgoiltean, Càrn agus "Game Jam Gàidhlig".
- 8.2 Chaidh innse, a dh'aindeoin atharraichidhean sgioba agus suidheachadh Covid-19, bha bliadhna soirbheachail aig FilmG 2021 le 105 a' cur a-steach chun fharpais – an àireamh as motha a-riamh agus tha FilmG a-nis air còrr air 1000 film fhaighinn a-steach bhon a thòisich an fharpais ann an 2008.
- 8.3 Chaidh innse gu bheil cùisean a' gluasad air adhart gu math le Càrn, le dol air bhog an dùil aig deireadh na h-Ògmhios/toiseachd an Iuchair.
- 8.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

9. Co-bhanntachdan Ro-innleachdail

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltainn mapa luchd-ùidh a tha a' soilleireachadh ar luchd-ùidh ro-innleachdail àrd-ìre agus far a bheil iad suidhichte a thaobh buaidh agus ùidh ann an

obair MG ALBA. Bha am pàipear cuideachd a' mìneachadh raointean prìomhachais airson conaltradh thairis air na trì mìosan air thoiseach le frèam de na targaidean agus na clachan-mìle againn taobh a-staigh na trì mìosan.

9.2 Thèid conaltradh a dhèanamh leis a' mhinistear le uallach airson na Gàidhlig, an Leas-Prìomh Mhinistear agus Ministear Ionmhais aig Riaghaltas na h-Alba.

9.3 Chaidh iomradh a thoirt air na coinneamhan taiceil a thachair le fo-Rùnaire na Stàite airson Alba (ris an tèid cuireadh a thoirt a thighinn gu oifis Steòrnabhaigh aig àm iomchaidh) agus Ministear na Stàite airson nam Meadhanan.

9.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

10. Taobhachas le prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba

10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt dealbh às dèidh an taghaidh àir na prìomh thoraidhean bho thaghaidhean Pàrlamaid na h-Alba.

10.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

11. Structar nan Comataidhean

11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh modail ùr riaghlachais, a cheadaicheas dhan Chomataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean tighinn gu crìch san t-Sultain 2021.

11.2 Tro na measaidhean bliadhnail a chaidh a chumail le gach ball agus tro dhiofar chòmhradhean a chaidh a chumail le buill agus le oifigearan, tha e follaiseach gu faodadh modh obrach riaghlachas na buidhne a neartachadh agus aig an dearbh àm sìmplidheachd a chur do structar nan comataidhean.

11.3 An luib na h-adhbharan airson atharrachadh: 1) gu bheil am Bòrd airson a bhith nas fòcasach air ro-innleachd (strategy) agus riaghlachas (governance); 2) gu bheil am Bòrd mothachail air na dùbhlain mòra a tha ri làimhseachadh, agus na cothroman, agus gur e an làn Bhùird an t-àite airson an obair sin; 3) gu bheil e comasach dhan Bhòrd slàn an uallach a thaobh os-shealladh (oversight) agus sgrùdadh (scrutiny) a choileanadh ma tha: a) an ro-innleachd agus na h-amasan (KPIs) soilleir; b) ma tha siostam measaidh nan KPIs làidir agus faicsinneach; c) ma tha na pàipearan agus aithisgean dèanadais coileanta agus furasta an tuigsinn; agus d) ma tha siostam sgrùdadh is dearbhaidh na buidhne làidir agus coileanta.

11.4 Thèid leantainn le Comataidh nan Cathraichean, le ballrachd mar a leanas: Cathraiche a' Bhùird, Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh agus aona bhall eile a dheigheadh a thaghadh gach bliadhna.

11.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

11.6 **Gnìomh:** Thèid moladh fhoirmeil a chuir chun Bhùird san Ògmhios. [\(MAMI\)](#)

12. GISBE

Chaidh bàs an t-Ollamh Coinneach MhicFhionghuin a chomharrachadh agus chaidh luaidh a dhèanamh air, dha cuimhneachadh le meas agus blàths agus airson a chuid obrach air Bòrd na buidhne.

13. Deit na h-ath choinneimh – 14/9/21

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: